


Suidheachaidhean Dàimh



1. Tha do charaid agus balach air an do thachair i latha 's sibh sna bùithean air a bhith nan cupal airson greis a-nis. Aon latha tha am balach seo a' nochdadadh às dèidh na sgoile agus a' faicinn do charaid a' fàsgadh balach eile a tha na charaid. Tha e a' breith air ghàirdean oirre, ga tarraing gu aon taobh agus ag ràdh gur e strìopach a th'innte agus nach eil i dileas.

2. Tha dithis dhed charaidean a tha eòlach air a chèile bho chionn fhada air tòiseachadh air suirghe.

3. Tha teaghlaich do dheagh charaid gu math cruaidh/ strict. Chan eil iad airson gum bi bràmair aice. Tha i air tòiseachadh air falbh còmhla ri balach ach tha i ag innse dha pàrantan gu bheil i còmhla riutsa.

4. Tha do charaid a' dol a-mach còmhla ri duine a tha a' còrdadh ris a huile duine. Ach air falbh bho dhaoine eile chan eil e cho laghach. Air an deireadh-sreachdain a chaidh rug e air gàirdean do charaid cho teann 's gun do dh'fhàg e pat.



5. Dhealaich do charaid agus a bhràmair, ach tha e an-còmhnaidh a' coimhead air meadhanan sòisealta do charaid agus a' bruidhinn air.

6. Tha do charaid an dèidh a bhith a' falbh còmhla ris an duine seo bho chionn greis. Bha dùil aca gun robh iad gu math faiceallach, ach tha do charaid air innse dhut gu bheil i a' smaoineachadh gu bheil i trom. Tha an t-eagal oirre innse dha.

7. Tha co-là-breith do charaid ann air an ath sheachdain. Tha an cèile airson partaidh a chur air dòigh gun fhiosta dhaibh agus ag iarraidh do chuideachadh, ach feumaidh tu a chumail buileach dìomhair chun a' phàrtaidh.

8. Thachair do charaid air a bràmair bho chionn dhà no thrì mhìosan agus tha deagh dhàimh air a bhith aca, ach a-nis tha do charaid a' smaoineachadh gu bheil e seachad 's tha i airson dealachadh. Dh'inns i dha bràmair gun robh i airson dealachadh agus bha an nighean gu math troimh-a-chèile. Tha i ag ràdh nach fhaod i a fàgail, ma dh'fhasgas i, nì i cròn oirre fhèin.



9. Tha do charaid as fheàrr air a bhith a' dol a-mach còmhla ri a bràmair airson còrr 's sia mìosan. Tha i ag ràdh gu bheil i toilichte, ach bidh dràgh oirre an-còmhnaidh gu bheil e a' falbh ri cuideigin eile. Tha i air tòiseachadh air coimhead air a' fòn aige gun fhios dha.

10. Tha do charaid air a bhith a' dol a-mach còmhla ri a bràmair airson dhà no thrì mhìosan. Tha i ag innse dhut gu bheil iad ri feise agus tha i ag iarraidh ort a dhol còmhla rithe gu clionaig nan daoin' òga airson casg-gin a chur air dòigh.

11. Tha do charaid air a bhith a' dol a-mach còmhla ri bhràmair airson dhà no thrì mhìosan a-nis. Tha e ag ainnsé dhut gu bheil iad ri feise agus gu bheil e ag iarraidh orts a dhol còmhla ris gu clionaig nan daoin' òga airson condoman a chur air dòigh agus 's dòcha airson PrEP a chur air dòigh cuideachd.

